



## Tiotal: Beatha cothromach agus co-ionnann do bhalaich agus nigheanan

### Pàirt 2: Co-ionnannachd

Ìre: DÀRNA

#### Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil raon farsaing ann de sheòrsaichean càirdeis is dàimh.</p> <p>HWB 2-44a</p> <p>Tha fios agam gum faod càirdeasan agus dàimhean làdir slàinte agus sunnd dhaoine eile a thoirt air adhart.</p> <p>HWB 2-44b</p> <p>Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhìol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi. HWB 2-49a</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>• Ag aithneachadh diofar sheòrsaichean càirdeis is dàimh.</li><li>• Ag aithneachadh nan sgilean a tha a dhìth airson atharrachadh ann an dàimhean a làimhseachadh, mar eisimpleir, fulangas, co-fhaireachdainn, dìlseachd, coibhneas, seasmhachd, co-earbsa agus spèis.</li><li>• Ag aithneachadh rudan deimhinneach mun iomhaigh-bodhaig agus an coltas.</li><li>• Ag aithneachadh droch-dhìol agus burraidheachd, mar eisimpleir air-loidhne, aghaidh ri aghaidh agus eòlach air far an tèid iad airson cuideachadh.</li><li>• A' sealltann tuigse air iomadachd ann am feisealachd agus dearbh-aithne gnè.</li></ul>

Chì sinn cuideachd gu bheil na h-Eòlasan agus na Builean gu h-ìosal freagarrach dhan obair seo; tha iad a' suidhe ann an raon Sunnd Inntinneil, Faireachail, Sòisealta agus Corporra an taobh a-staigh de Slàinte is Sunnd. Bhon a tha iad fo dhleastanas nan uile chan eil Slatan-tomhais co-cheangailte riutha.

- Nuair a tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltann spèis do chòraichean dhaoine eile. HWB 2-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhairsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 2-10a

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann mun deidhinn fhèin, na tha gan dèanamh gun shamhail agus mu bhun-bheachd iomadachd.
- Gum beachdaich a' chlann air gnàth-iomhaigh agus na thathar a' sùileachadh a thaobh gnè.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn nach bu chòir coltas, giùlan no iarrtasan a bhith air am bacadh le gnàth-iomhaigh, gnè no beachdan air na bu chòir do bhalaich agus nigheanan a dhèanamh.
- 'S urrainn dhomh eisimpleirean de ghnàth-iomhaighean ainmeachadh agus an deasbad.
- Bidh mi a' sealltann spèis do dhaoine eile

- Tha mi a' tuigsinn agus a' gabhail ri iomadachd am measg mo cho-aoisean.

### **Goireasan-taic**

- Slaighdean PowerPoint
- Suidheachaidhean cothromachd/gèam chairtean

## Obair

1. Coimhead air ais air an leasan mu dheireadh agus thèid thairis air puingean sam bith a tha freagarrach - thèid thairis air na prìomh phuingean agus na gniomhan far an robh a' chlann a' bruidhinn mu chiall nam faclan *gnàth-ionhaigh* agus *co-ionannachd*. An uair sin faodaidh iad lorg-fhaclan a dhèanamh mu na tha a' còrdadh riutha agus na tha gan dèanamh gun shamhail.
2. San obair seo inns dhaibh gum bi aca ri smaoineachadh air mar as urrainn dhuinn air fad a bhith cothromach, agus air mar as urrainn **beatha chothromach a bhith aca air fad mar bhalaich no nigheanan**. Airson seo a dhèanamh cluinnidh a' chlann mu chlann eile agus na sgeulachdan aca, agus cuideachd mu mar a bhios iad a' faighinn air adgart san sgoil.
3. **Cothromachd.** Tha tuigse làidir aig clann air na tha ceart agus cothromach. Cuidichidh a' ghnìomh seo cumadh a chur air còmhradh agus ionnsachadh mu ghnè. Cuir a' chlann ann am buidhnean de 3 agus thoir dhaibh pacà de na cairtean *suidheachaidhean* - mìnich gur e uidheachaidhean a tha seo a dh'faodadh tachairt ann an sgoil, cluba, aig an taigh no ann am bùth (chan e an sgoil no an club no na dachaighean acasan a dh'fheumadh a bhith ann, mar sin feumaidh iad smaoineachadh gum faodadh na uidheachaidhean seo tachairt do chlann). Tha aig a' chloinn ri co-dhùnadadh dè tha cothromach agus mì-chothromach, no mura h-eil iad cinnteach faodaidh a' chairt a dhol dhan roinn 'mì-chinnteach'. (Feuch gun atharraich thu na h-ainmean a tha air an cleachdadh ma tha leanabh leis an ainm sin sa chlas). Ma tha e cuideachail, roinn an geama na dhà phàirt no barrachd, a' toirt sùil às dèidh gach pàirt.

## Cothromach no mì-chothromach? Dè do bheachd?

1. Nuair a bhios a' chlann a' seasamh ann an sleath aig àm-lòin 's e na nigheanan a bhios aig an toiseach.
2. Tha an t-eideadh-sgoile an aon rud dha na h-uile.
3. Ann am bùth nan dèideagan tha roinn ann do nigheanan làn de bhana-phrionnsaichean agus aodach pinc agus dealrach agur roinn do bhalaich làn fhigearan gnìomha, spèileabòrdan agus baidhsagalan.
4. Bidh daoine a' ràdh ri nigheanan gun toigh leotha am falt aca, no gu bheil aodach snog orra. Bidh daoine a' ràdh ri balaich gu bheil iad math air rudan a dhèanamh.
5. Ann an sgoil-àraich bidh cromagan-còta nan nigheanan pinc agus bidh cromagan-còta nam balach gorm.
6. San dachaigh aca bu chòir gum bi gach pàiste a' cuideachadh.
7. Às dèidh na sgoile tha còidse aig sgioba ball-coise nam balach. Chan eil còidse aig sgioba nan nigheanan. Tha pàiste ùr air tighinn dhan sgoil, agus thuirt cuideigin gur e balach a th' ann ach tha am pàiste ùr ag ràdh gur e Ellie a th' orra. Cha fhreagair Ellie ceistean mar "An e balach no nighean a th' annad?" Tha feadhainn de na gillean a' tòiseachadh air magadh air Ellie.
- 8.
9. Sa chlas, nuair a bhios nigheanan a' bruidhinn fhad 's a tha iad ag obair tha sin ceart gu leòr, ach nuair a bhruidhneas na gillean thathar ag iarraidh orra na guthan aca a chumail sìos.
10. Bidh an tidsear a' toirt air a' chloinn uidhe balach/nighean oir tha i a' ràdh gum bi na balaich ri mì-mhodh nuair a bhios iad a' uidhe còmhla.
11. Sa bhùth-aodaich chan eil roinnean fa leth do bhalaich agus nigheanan ann a-nis. Chan eil ann ach tòrr aodaich agus faodaidh a' chlann an rud a thogras iad a thaghadh.
12. Tha an tidsear a' radh gum tig aig a' chloinn air fad air cuspairean a dhèanamh gu co-ionann.
13. Tha cothrom aig a h-uile pàiste sa chlas pàirt a ghabhail ann an obair sam bith; chan eil a leithid de rud ann ri obair nigheanan no obair bhalach.
14. Nuair a bhios an tidsear ag iarraidh cuideachadh bho chuideigin, 's e nigheanan bhios iad a' taghadh.
15. Bidh a' chlann gu lèir a' cluich còmhla gu math; chan eil e gu diofar dè an gnè.

4. Thoir ùine gu leòr do gach buidheann airson còmhradh agus airson na cairtean aca a sheòrsachadh, agus an uair sin thoir còmhla iad agus thèidibh thairis air na suidheachaidhean agus iarr air na buidhnean innse: *A bheil na suidheachaidhan seo cothromach no mì-chothromach?* Dèanaibh còmhradh mar a tha sibh a' dol air adhart, dèan sgrùdadh far a bheil aonta no eas-aonta san fharsaingeachd, gabh ri diofar bheachdan. Far nach eilear cinnteach mu na freagairtean, bruidhinnibh air carson agus brosnaich còmhradh.
5. **Faclan agus beachdan cudromach.** Inns dhan chloinn gu bheil faclan ùra, inntinneach agaibh ri ionnsachadh bhon a tha sibh a' bruidhinn mu bhith cothromach agus a bhith a' leigeil le daoine a bhith nam pàirt de rudan co-dhiù is e balach no nighean a th' annta. Cleachd na slaghdean gus gach facal a thoirt a-steach agus thoir dhaibh mìneachadh mar a thèid sibh air adhart, ag èisteachd ri beachdan agus ceistean:

**Tha Claon-bhreith a' ciallachadh nuair a tha beachd agad mu neach stèidhete air an coltas, no 's doch a t-àite às an tàinig iad, agus mar sin, mus fhaigh thu eòlas sam bith orra, tha droch bheachd agad.**

*Airson tuilleadh mìneachaidh dh'fhaodadh sibh fios mar seo a chleachdadh airson tuilleadh cnuasachd:* An do choimhead thu riamh air neach agus an do bheachdaich thu orra air sgàth an coltais? Agus an do smaoinich thu rud dona mun deidhinn? Tha na seòrsaichean claon-bhreith as cumanta stèidhete air gnè (mar sin a' smaoineachadh nach eil nigheanan cho math ri balaich) no cinneadh (mar sin a' smaoineachadh nach eil neach de chinneadh eadar-dhealaichte cho math riutsa).

**Tha leth-bhreith mu na bhios tu a' dèanamh, nuair a bhios tu a' làimhseachadh neach ann an dòigh dona stèidhete air cò iad.**

*A-rithist, airson tuilleadh mìneachaidh dh'fhaodadh sibh leantail oirbh:* Faodaidh daoine leth-bhreith a dhèanamh air daoine eile ma tha iad de dhiofar gnè, à dùthaich eile no bho chinneadh eadar-dhealaichte – mòran dhiofar adhbharan. Ma tha thu air do làimhseachadh ann an dòigh mhì-chothromach air sgàth cò thu, 's e leth-bhreith a chanas sinn ris. A-rithist 's dòcha gum bi eisimpleirean aig a' chloinn fhèin de leth-bhreith.

**'S e seòrsa de chlaon-bhreith agus de leth-bhreith a th' ann an gnèitheachas. 'S e beachd a th' ann an gnèitheachas gu bheil buill de aon ghnè nas glice no nas comasaiche na buill de ghnè eile. Tha gnèitheachas a' ciallachadh nuair tha daoine air an làimhseachadh ann an dòigh mhì-chothromach air sgàth an gnè.**

*Agus airson tuigse a bhrosnachadh 's dòcha gun leanadh tu ort le bhith ag ràdh rud mar seo:* Mar a trice 's ann do nigheanan agus do bhoireannaich a bhios seo a' tachairt, ach faodaidh e cuideachd tachairt do dh'fhir agus do bhalaich. Ma chì cuideigin rud mar seo a' tachairt 's dòcha gun can iad "**"S e gnèithachas a tha sin!"** Brosnaich fios-air-ais bhon chloinn. Dèan ceangalan air ais chun a' ghèam chairtean a bha sibh a' cluich.

6. **Fàile chun na sgoil againn!** Inns gu bheil sibh a'dol a chur an ìre gu bheil clann ùra a' tighinn dhan chlas. Innsidh tu cò iad – can gu bheil dealbh agus beagan fiosrachaидh agad. Tha aig a' chloinn ri smaoineachadh air na dh'fhaodadh iad a dhèanamh – fa leth no mar bhuidheann (de charaidean no an clas gu lèir) airson failte a chur air a' phàist' ùr. Às dèidh innse mu gach pàiste brosnaich a' chlann gus còmhradh a dhèanamh le caraid rin taobh agus an uair sin fios a thoirt air ais dhan bhuidheann, a' toirt nigheanan agus balaich a-steach air a' chòmhradh ge bith cò am pàiste a

thatarr a' bruidhinn air. *Gabh cothroman gus bruidhinn air mar a dh'fhaodas daoine a bhith ag obair air pàiste bhon a tha iad a' dol an aghaidh ghnàth-iomhaighean de bhalaich no nigheanan. Air na slaighdean:*

#### ***Is mise Charlie***

'S e na rudan as fheàrr leam, a bhith a' cluich còmhla rim charaidean agus còmhla ris an dà chù agam Salt agus Pepper. Nuair a rugadh mi, thug mo phàrantan Charlene orm, ach tha an t-ainm Charlie a' còrdadh leamsa. 'S toigh leam m' fhalt a chumail goirid, agus cha toigh leam a bhith a' cur orm dhreasaichean no rudan mar sin. Uaireannan bidh daoine suarach, ach chan eil mi ach a' leantainn orm, agus bu chòir do dhaoine dìreach m' fhaicinn mar Charlie.

#### ***Is mise Mikey***

'S tòigh leam a bhith a' leughadh leabhraichean agus a' sgrìobhadh sgeulachdan. Chan eil cus fuaim a' còrdadh leam. Tha an teaghlaich agam a' gluasad dhan àite ùr seo agus bidh mi a' tighinn dhan sgoil agaibh. Dè ma bhios neach ag obair orm?

#### ***Is mise Robin***

Uaireannan cha bhi daoine gam thuigsinn ro mhath. Bidh iad a' coimhead orm 's a' smaoineachadh 'ò, 's e nighean a tha siud' ach an uair sin bheir iad sùil eile agus smaoinichidh iad 'ò, 's e balach a tha siud'. Bidh daoine troimh-a-chèile no brònach bhon a tha mi a' coimhead mar a tha mi, bhon a bhios mi a' cur orm aodach a tha a' còrdadh leam agus bhon a bhios mi a' dèanamh na tha a' còrdadh leam. 'S toigh leam spòrs. Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil e cothromach gu bheil uimhir a riaghaltéan ann mu bhith nad bhalach no nad nighean.

7. Crìochnaich le bhith a' moladh na dh'ionnsaich an clas mu bhith nad bhalach no nad nighean, dàimhean agus mu bhith rèidh. Thoir taing dhan chlas airson na chuir ris an leasan agus airson a bhith coibhneil nuair a bha iad a' bruidhinn air daoine eile. Cuir an cuimhne gach neach cho cudromach 's a tha e spèis a shealltainn dha chèile sa chlas/bhuidheann seo.

#### **Ceangal ris an dachaigh**

- Tha teacsa an cois na h-obrach air ***Gnàth-iomhaighean agus co-ionannachd***

#### **Tha goireasan eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo**

- Gnàth-iomhaighean agus co-ionannachd
- Tar-ghnèitheachd

## Notaichean Tidseir